

Sùgh Dromain



A' Cur Eòlais Às Ùr Air Biadh Nàdarra



Sùgh Dromain

'S urrainn dhut deoch fìor bhlasta a dhèanamh de fhùraichean bàna na craoibhe-dromain a tha air leth tlachdmhor air latha blàth tioram as t-samhradh. Dèan cinnteach gum fàg thu fùraichean gu leòr air a' chraoibh.

NA THÈID ANN

Bidh thu feumach air:

- 30 cinn dromain
- 1.7 liotair/3 pinnt de dh'uisge goileach
- 900g/2lb siùcar mìn
- 50g/2oz searbhag shiotrais (ri fhaighinn aig bùth-cheimigeir)
- 3 liomaidean, air an gearradh nan sliseagan is air an sgùradh ma thogras tu

DÒIGH-ULLACHAIDH

- Glan na fùraichean agus thoir salachair no biastagan sam bith asta.
- Dòirt an t-uisge goileach air an t-siùcar ann am bobhla mòr. Measgaich gu math e is fàg e gus am bi e fionnar.
- Cuir an t-searbhag, na sliseagan liomaid (agus rùsg) ris, agus an uair sin na fùraichean.
- Fàg e ann an àite fionnar fad 24 uairean a thìde, measgaich an-dràsta 's a-rithist.
- Sìolaich tro mhuislinn agus cuir ann am botail fhìor-ghlan. Tha an deoch seo glè mhath le fìor-uisge no uisge builgeanach agus 's urrainnear a chur air saileadan measach no reòiteagan.

Airson an tuilleadh fiosrachaidh agus reasabaidhean:

www.scotlandsnaturallarder.org

f 'Scotland's Natural Larder'

🐦 @scotsnatlarder

